

# DÀIN THAGHTE,

A CHUM FEUM

## AN SCOILEAN NA GAIDHEALTACHD.

FO ÙGHDARRAS

A' CHOMUINN GHAILDEALAICH.



AIR A CHUR AM MACH LE  
AONGHAS MAC AOIDH,

43 MURRAY PLACE, STRUIBHLE

1906.

**3D.**





## AM FAIGH A' GHÀIDHLIG BÀS?

Tha mòran sluaigh am beachd an diugh  
Nach 'eil ar càinain slàn,  
Nach fhada chluinnear fuaim a guth,  
Nach téid i choidhch' na 's fearr ;  
Gu 'm bheil an aonta bh' aic' air ruith,  
Nach tog i ceann gu bràth ;  
'S a dh'aindeoin buaidh Mhic-Gille-Dhuibh,  
Gu 'm faigh a' Ghàidhlig bàs.

Tha sìol nan sonn 'gan cur air chùl,  
'S am fearann 'ga chur fas ;  
Tha féidh is caoraich air gach stùc  
Mu 'n robh na laoich a' tàmh ;  
Tha cinneach eil' air teachd do 'n ùir  
'S ag éirigh suas 'nan àit,  
Tha toirt am bòidean air gach dùil  
Gu 'm faigh a' Ghàidhlig bàs.

An leig sinn eachdraidh chaomh ar tìr  
 A sgriobadh de gach clàr,  
 'S a' Ghàidhlig chòir a chur a dhith  
 Le linn nach tuig a gnàths ?  
 A' chàinain aosda, ghlòrmhor, bhinn  
 A dhùisgeadh fuinn nam bàrd,  
 Am fan sinn dìomhanach gun suim  
 Is daoí 'ga cur gu bàs ?

Dùisg suas, a Ghàidhlig, 's tog do ghuth ;  
 Na biodh ort geilt no sgàig ;  
 Tha ciadan mìle dileas duit  
 Nach diobair thu 'sa bhlàr ;  
 Cho fad 's a shiùbhlas uillt le sruth  
 'S a bhuaileas tuinn air tràigh,  
 Cha 'n aontaich iad an cainnt no 'n cruth  
 Gu 'n téid do chur gu bàs.

A' chainnt a dh' fhoillsich cliù nam Fiann  
 'S an gaisge dian 's gach càs ;  
 Tha 'n euchdan iomraiteach bho chian  
 Ag àrach miann 'nan àl ;  
 Na leòghainn threun nach d' thug le fiamh  
 An cùlaibh riamh do nàmh,  
 Tha iomadh gleann is enoc is sliabh  
 A' luaidh air gnìomh an làmh.

Cha 'n eòl dhuinn cèarn an ear no 'n iar,  
 No fonn mu 'n iadh an sàl,  
 Nach fhaighear cuid an sin de 'n siol  
 A' liadachadh 's a' fas,

Tha 'g altrum suas, le dùrachd dhian,  
 Gach sgialachd agus dàn  
 A bhiodh an sinnsearan a' sniomh  
 An tir nan sliabh 's nam bàgh.

Ach 's gèarr a bhios an ùine triall  
 Gu 'm faic sinn, mar is àill,  
 A' Ghàidhlig mhùirneach, mar ar miann,  
 An cathair inbhich, àird,  
 A' sgaoileadh eòlais, tuigse 's ciall  
 Bho h-ionmhasan nach tràigh,  
 'S a' taisbeanadh le neart a rian  
 Nach téid i 'n cian so bàs.

Sin togaidh i le buaidh a ceann ;  
 Le aoibhneas, ni i gàir ;  
 A teudan gleusaidh i gu teann  
 Le cridhe taingeil, làn,  
 Gu 'n cluinn mac-talla feadh nan gleann  
 Gach doire 's allt cur fält',  
 'S an osag chiùin air bàrr nam beann  
 A' giùlan fonn a dàin.

Ach buaidh is piseach air na laoich  
 Tha seasmhach air a sgàth,  
 Chaidh àrach ann an tir an fhraoich,  
 Ge sgaoilt' an diugh an àl ;  
 Ged chaidh an sgapadh air gach taobh,  
 Cha chaochail iad an gnàths ;  
 Cha 'n fhàs an eachdraidh lag le aois,  
 'S cha 'n fhaigh a' Ghàidhlig bàs.

## AN SRUTHAN.

Chunnaic mi 'n sruthan ag éirigh 'sa mhunadh  
 'S a' triall air a thurus feadh ghlumag a' chàir;  
 A' fiaradh a' mhullaich 's a' siaradh na tulaich  
 Ag iarraidh le bruthach, 's a thurus gu tràigh.

A shruthain, air t' athais. Nach dean thu rium mailis?  
 Dé aobhar do chabhaig? Fan tamull mar thà.  
 Na cluanagan uaine an achlais nam fuar-bheann  
 Cur cagar 'nad chluasan thu ghluasad gu fàil.

Chunnaic mi 'n sruthan a' tèarnadh a' bhruthaich  
 Gu mear a' cur chur dheth 'sna buinneachan blàth;  
 A' ruith mu na stacain, a' leum bhàrr nam bacan,  
 Is eòin bheag na h-ealtainn ri caiseamachd dhà.

A shruthain, a shruthain, nach dean thu rium fuireach;  
 'S gur goirid an turus o mhunadh gu tràigh?  
 Nuair ruigeas tu 'n réidhlean cha bhi thu cho éibhinn:  
 Theid maille 'sa cheum sin tha eutrom an tràth-s'.

Chunnaic mi 'n sruthan gu cianail a' siubhal,  
 A' chuing air a muineal, 's e umhal air fas;  
 A' gluasad gu dubhach an amar dubh giubhais  
 - A thionndadh na cuibhill aig muileann a' ghràin.

A shruthain, a shruthain, gur mise tha duilich  
 A' sealltainn na buil' gus na chuireadh thu 'n tràth-s',  
 Do bhùrn air a thruailleadh, do shruth air a bhuaireadh,  
 Is barrag na druaise mu ' bhruachan a' snàmh.

Chunnaic mi 'n sruthan seach baile nan turaid  
 A' giùlan nan luingeas bu truime gu sàil ;  
 Air caochladh cho buileach an aogas 's an cruitheachd  
 O 'n chaochan a chunnaic mi sruthadh troimh 'n chàr.

A shruthain, a shruthain, mo bheannachd a'd chuideachd ;  
 Cha 'n fhada ceann-uidhe nan uile bho d' chàs :  
 Tha fuaim a' chuain bhith-bhuain a'd chluasan a'd dinneadh  
 Gur suarach an t-slighe 's i 'n giorrad a' fàs.

Tha feasgar an latha a' tarruing am fagus,  
 An cala 'san t-sealladh 'san gabh thu gu tàmh ;  
 Ach faicear thu fathast air sgiathan na maidne  
 Gun smùr no gun smal ort mar chanach a' chàir.



## MO CHÒMHNUIDH TAOBH AN T-SAIL.

Cha 'n fhuirich sruth ri bàta ;  
 Cha 'n fhuirich là ri righ ;  
 Na bliadhnhachan 'gar fàgail  
 A dh' aindeoин spàирн is strìth ;  
 Ach 's tric gheibh m' inntinn tlàths  
 'S mo chridh' o fhuarachd blàths  
 Ann an cuimhne caidir m' òige  
 'S mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

Air iomadh uair 's mi 'm ònar,  
 'Nan cròilean chì mi chlann,  
 Le greim air cirb an còtain  
 A' còmhlachadh nan tonn,

A' beadradh ris na still  
 'S a' chòbhraig de na mill :  
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsha  
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

Nuair dhìrinne ris an stùcan,  
 O 'm faicinn lùb a' chaoil,  
 O 'm biodh am bàta stiùradh  
 'S i giùlan luchd mo ghaoil,  
 Le toradh cuain is àgh  
 Gu 'm buannaicheadh i 'm bàgh :  
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsha  
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

I tighinn ri fuaradh ealamh  
 Fo iùl nan gallan suairc  
 Air nach cuir geomhradh ainnis,  
 Air nach cuir gailleann fuachd ;  
 Spriot o sròn 'na deann,  
 Rolag gheal fo ceann :  
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsha  
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

B' e 'n sòlas còmhradh cagailt  
 'Sa chòmhlan gheanail, ghrinn ;  
 Bu taitneach sgeul o 'n aithris,  
 No duan le caithream binn,  
 Toirt aiteil de na bh' ann  
 O chian an tìr nam beann :  
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsha  
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

Nuair thilgeadh beinn a dubhar  
 Air coill fo duilleach gorm,  
 Dé dh' fhàgadh m' inntinn dubhach ?  
 Dé chuireadh mulad orm ?  
 'S mo leannan caomh ri m' thaobh,  
 Leinn fhéin fo sgàil nan craobh :  
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsha  
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

Mar chuairt feadh chluan nan dìthean  
 Tha chuimhn' do m' inntinn tlàth ;  
 Ged 's tric mo chridhe 'g innseadh  
 Nach till sud rium gu bràth.  
 Mo bheannachd leis na bh' ann  
 An tir nan sruth 's nan gleann :  
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsha  
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

— : —

## AN GLEANN 'SAN ROBH MI OG.

Nuair philleas ruinn an samhradh,  
 Bidh gach doire 's crann fo chròic ;  
 Na h-eòin air bhàrr nam meanglan  
 Deanamh caithreim bhinn le 'n ceòl ;  
 A' chlann bheag a' ruith le fonn  
 Mu gach tom a' buain nan ròs :  
 B'e mo mhiann a bhi 'san am sin  
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.

'Sa mhaduinn, 'n am dhuinn dùsgadh,  
 Bhiodh an driùchd air bhàrr an fheòir ;  
 A' chuthag is gug-gùg aic'  
 Ann an doire dlùth nan cnò ;  
 Na laoigh òga leum le sunnd  
 'S a' cur smùid air feadh nan lòn :  
 Ach cha 'n fhaicear sin 'san am so  
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.

'N am an cruinneachadh do 'n bhuaillidh  
 B' e mo luaidh a bhi 'nan còir ;  
 Bhiodh a duanag aig gach guanaig  
 Agus cuach aice 'na dòrn ;  
 Bhiodh mac-talla freagairt shuas,  
 E ri aithris fuaim a beòil :  
 Ach cha chluinnear sin 'san am so  
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.

Ann an dùblachd ghairbh a' gheamhraidh  
 Cha b' e am bu ghainn' ar spòrs ;  
 Greis air sùgradh, greis air dannsadh,  
 Greis air canntaireachd is ceòl ;  
 Bhiodh gach seanaир aosmhòr, liath,  
 'G innseadh sgialachdan gun ghò  
 Air gach gaisgeach fearail, greannmhòr  
 Bha 'sa ghleann nuair bha iad òg.

Bha de shòlas de gach seòrs ann  
 Chumadh òigridh ann am fonn ;  
 Cha robh uisge, muir no mòinteach,  
 Air an còmhach bho ar bonn ;

Ach an diugh tha maor is lann  
 Air gach alltan agus òb :  
 Cha 'n 'eil saorsa sruth nam beanntan  
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.

Tha na fardaichean 'nam fasach  
 Far an d' àraicheadh na seòid,  
 Far am bu chridheil fuaim an gàire,  
 Far am bu chàirdeil iad mu 'n bhòrd,  
 Far am faigheadh coigreach bàidh  
 Agus ànrach bochd a lòn :  
 Ach cha 'n fhaigh iad sin 'san am so  
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.

Chaochail maduinn ait ar n-òige  
 Mar an ceò air bhàrr nam beann ;  
 Tha ar càirdean 's ar luchd-eòlais  
 Air am fògradh bhos is thall ;  
 Tha cuid eile dhiubh nach gluais,  
 Tha 'nan cadal buan fo 'n fhòid,  
 Bha gun uaill, gun fhuath, gun anntlachd  
 Anns a' ghleann 'san robh iad òg.

Mo shoraidh leis gach cuairteig,  
 Leis gach bruachaig agus còs,  
 Mu 'n tric an robh mi cluaineis  
 'N am bhi buachailleachd nam bò ;  
 Nuair a thig mo réis gu ceann  
 Agus feasgar fann mo lò,  
 B' e mo mhiann a bhi 'san am sin  
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.

## FEASGAR FANN FOGHARAIDH.

Tha 'n abhainn ag ialladh troimh 'n ghleann,  
 'S air gach taobh dhi tha àrd-bheanna cas,  
 Far an cluinnear mòr thorman nan allt  
 A' tèarnadh gu calmarra, bras,  
 Nuair a sguabas an doineann am fraoch  
 'S air an aonach a dh' aomas an fhrs.

Ach an nochd anns a' choire 's beag ceòl ;  
 'S ciùin òrain nan sruthan mu 'n cuairt ;  
 Tha gach maol bhinnean cailte 'sna neòil  
 A tha tùirling 's 'gan còinhdach gu luath ;  
 Tha gorm-shnuadh an fheasgair 'sa ghleann,  
 Agus sìth dol gu àrd-cheann nan cruach.

Tha feadag ri caoidh air an ton —  
 Fead lom, fhada 's cianala fuaim —  
 Mar thaibhs' air a sguabadh o'n tonn,  
 'S e freagairt a trom-ghuth fad uaith,  
 No seann-treun a rinn éirigh o 'n fhonn  
 'S a chuir lom-sgrios a dhùthcha fo ghruaim.

O, eala ; O, eala mo ghaoil,  
 Thar monadh an fhraoich a' dol seach,  
 Tha thu stiùradh gu iar-chuan na gaoith  
 'S neòil mhaoth-gheal a' falach do dhreach ;  
 'N ann a' freagradh na fairg' tha do ghlaodh ?  
 Bheil a h-anail mu d' thaobh tha mar shneachd ?

Cha chaoi dh thu mar mhise 'san am —

'S iomadh bàrd ann an rann chuir an céill  
 Mar a dh' fhògradh luchd-àiteach nam beann  
 'S a dh' fhàsaicheadh àros nan treun —  
 O, cha chaoi dh thu, oir agads' gach am  
 Tha còmhnaidh na fairge nach géill.

Ach c'uime bhi caoidh ? oir cha till

Ar caoidh-ghuth na gaisgich a dh' fhalbh ;  
 Ach sinte ged tha iad 'sa chill,  
 Cha 'n 'eil iad 'sna linntean so balbh,  
 Tha 'n gnìomhan a' togail an cinn  
 'S ag éigh ruinn mar ghuth o na mairbh.

Cha 'n 'eil air na Gaidheil ach ceò,

Mar neòil air na sléibhte an ud thall :  
 O, mosglaibh gu luath as ar clò  
 Is fasaibh mar òg-choill nam beann ;  
 Deanaibh dùsgadh 's na tuitibh gach lò,  
 Mar shean-choill, gu mòintich nan gleann !

### BAS MÀIRI.

Chaochail i mar neultan ruiteach

Bhios 'san ear mu bhriseadh faire ;  
 B' pharmad leis a' ghréin am bòidhchead ;  
 Dh' éirich i 'na glòir chur sgàil oirr'.

Chaochail i mar phlathadh gréine,

'S am faileas 'na réis an tòir air ;

Chaochail i mar bhogh nan speuran :

Shil an fhras is thréig a ghlòir e.

Chaochail i mar shneachd a luidheas  
 Anns an tràigh ri cois na fairge :  
 Dh' aom an làn gun iochd air aghaidh :  
 Ghile ! O, cha b' fhada shealbhaich.

Chaochail i mar ghuth na clàrsaich  
 Nuair is drùidh'tiche 's is mìls' e ;  
 Chaochail i mar sgeulachd àluinn  
 Mu 'n gann thòisichear r' a h-innseadh.

Chaochail i mar bhoillsgeadh gealaich,  
 'S am maraich fo eagal 'san dorcha ;  
 Chaochail i mar bhruadar milis,  
 'S an cadlaiche duilich gu 'n d' fholbh e.

Chaochail i an tùs a h-àille :  
 Cha seachnadh Pàrras as féin i ;  
 Chaochail i — O, chaochail Màiri  
 Mar gu 'm bàitht' a' ghrian ag éirigh.

— : —

### AN T-EUN-SIUBHAIL.


O, 's sgairteil buille bras do sgiath,  
 'S tu greasad dian thar chuan,  
 Eòin bhig chuir cùl ri dùthaich chéin  
 'S a ghabh an t-astar mòr leat féin  
 Gun laigse crìdh' roimh 'n doininn thréin  
 Nuair 's àirde geum nan stuagh.

Thu'd aonaran 's an speur 'na smùid  
 A' mùchadh gréin an àigh ;  
 A' mhuir fo ghruaim 's a tonnan sgìth,  
 Gun chlos ri gaothan garg a' strìth,  
 Am fànas dorch le ceathach mìn —  
 Co dh' innseas c' àit' eil tràigh !

Gun ghuth 'gad chòir their riut bhi treun  
 Ach beuc nam mòr-thonn àrd ;  
 Gun ruith-rath'd air an laigh do shùil,  
 Gun neach no nì a bheir dhuit iùl :  
 O, 's cinnt tha spiorad gràidh dhuit dlùth  
 'Gad stiùradh dh' oidhche 's là.

O, buail do sgiath gu cas, 's do dhùil  
 Ri doire dlùth is ceòl ;  
 Gun eagal ann ad chrìdh', no smuain  
 Gu 'n tig ort ceòl is seachran cuain,  
 No 'n àird na h-oidhch' gu 'n laigh ort suain  
 'S gun àite tàimh 'gad chòir.

Dean cabhag, dèan, gu gleann nan craobh,  
 'S thig fois an déigh a' chruais ;  
 Is coma 'n sin, fo 'n oidhche chaoinean  
 Ged chì thu anns an aisling fhaoin  
 Trom fhairge ruith, 's ged thig a glaodh  
 Mar ghuth na h-aoidh gu d' chluais.



## DIREADH 'S A' TÈARNADH NAM BEALAICHEAN.

Dìreadh 's a' tèarnadh nam bealaichean,

    Ho ró, 's aigeannach mi !

Ged rachadh an saoghal gu gearan,

    Cha leig mise smal air mo chrìdh'.

Ag imeachd gun solus, gun soillse

    Fo dhubhar nan coilltean leam féin,

Cha 'n fhaic mi le dorcha na h-oidhche

    Ach dealan a' sitheadh troimh 'n speur.

Cluinnidh mi 'n fhairge ri borbhan,

    Comh-fhareagairt ri torman nan dos ;

Cluinnidh mi braighlich nan aimhnean

    Comh-fhareagairt ri raoicich nan eas.

Nuair dh' fhosglas dorus nan speuran

    'S a bhoillsgeas an dealan o 'n iar,

Chì mi na neòil dhubha taomadh,

    Is saoghal fo thaosgadh nan sian.

Feuch a nis beithir na beucaich

    A' sracadh nan speuran le fuaim !

'S ann shaoil leam nuair chuala mi 'n riasladh

    Gu 'n tuiteadh an iarmailt a nuas.

Ged is uamhasach dhòmhsha bhi 'g imeachd

    'Nam aonar gun ghealach, gun ghrian,

Tha m' aigne gun chùram, gun eagal,

    'S mo chridhe gun teagamh, gun fhiamh.

Dé chuireadh fiamh orm 'sa chunnart ?  
 Nach 'eil mi an cuideachd mo Dhé ?  
 Le cridhe nach meataich fo àmhghar,  
 'S gun ghamhlas do neach tha fo 'n ghréin.

Ach chì mi solus gun luasgan  
 Aig iochdar a' chruachain ud thall ;  
 Dreös na céir ann an uinneig :  
 'S e dèarrsadh mar rionnag a th' ann.

O, 'n fhuair mi reul-iùil air an rathad,  
 'S mi cinnteach gu 'n d' amais mi gleann,  
 Theid mi le sunnd thar a' chaislein,  
 Ged tha mi car airtnealach, fann.

Ruigidh mi dorus mo charaid,  
 Gun chùram, gun fharral, gun sprochd ;  
 Bidh esan le iognadh a' farraid  
 " Dé chuir an rathad thu 'n nochd ? "

" Ciod è chuir thu nall thar a' chreachainn,  
 Gun uiread is breacan g' ad dhòn ?  
 Gach dùil anns na speuraibh an aimhreit :  
 'S mòr m' eagal gu 'n do chaill thu do chiall ! "

Sunndach a théid mi do 'n leabaidh  
 'S a gheibh mi mo chadal le suain ;  
 Mochthrath 'n am éirigh 'sa mhaduinn  
 Cha 'n fhaic iad mo mhala fo ghruaim.



## AM FONN.

O, sud am fonn a chuala mi  
 An uair a bha mi òg,  
 Mi 'n cluain ri uchd mo mhàthar  
 'S mo chridhe snàmh 'na ceòl ;  
 'S nuair chuala mi a rithis e  
 Aig nighinn ghil nam bò,  
 Gu 'n d' thàlaidh i mo chridhe leis,  
 'S mi mireagaich mu 'n chrò.

Bu tric, o sin, 'ga chlàistinn mi  
 Mu eadradh, àrd-thrath nòin,  
 'S mi beadradh air an àirigh  
 Ri mo Mhàiri àillidh, òig ;  
 No feadh nan glacag faileanta  
 'San tàrladh dhuinn, gun ghò,  
 Bhi coinneachadh, gu mànranach,  
 Fo sgàilean choill nan cnò.

Ach b' èiginn dòmhs' an àirigh  
 Agus Màiri chur air chùl,  
 Is siubhal fad o 'n àite sin  
 'San robh mo ghràdh is m' uidh,  
 A sheasamh anns na blàraibh  
 'N aghaidh nàmhaidean ar dùthch' ;  
 'S an latha dh' fhàg mi 'm bràighe,  
 Ri ! bu chràiteach m' aigne brùit' !

O, sud am fonn a chuala mi,  
 'S a chuaileanaich mu m' chridh',  
 Is tric a dhùisg dhomh sealladh  
 Air mo leannan 's air mo thìr ;

An uair a bhithinn airtnealach  
 'Nam chairtealan le sgios  
 Gu 'n taislicheadh e m' anam  
 Nuair a chanainn e leam fhìn.

Ach thog am fonn an tràth so dhomh  
 Fàth càrrain agus bròin ;  
 Oir dhùisg e ìomhaigh Màiri  
 Is mo mhàthar 's iad fo 'n fhòid,  
 Gach caochladh agus sàrach'  
 Thàinig air na Gaidheil chòir  
 O 'n am 'sna bhual an dàn ud mi  
 Le gràdh nuair bha mi òg !



## NA GAIDHEIL AN GUAILLIBH A CHÉILE.

Do làmh dhomh, a charaid,  
 Oir 's Gaidheil a th' annainn  
 D' an còir a bhi tarruing ri chéile ;  
 Is bràithrean sinn uile,  
 'S cha dean e feum tuilleadh  
 Bhi roinnte 'nar buidhinnean eudmhor ;  
 'Nar buaireadh air uairibh  
 Do 'n choimheach mhi-shuaирce  
 Tha 'g iarraidh le cluain a thoirt beud oirnn ;  
 Ar sreathan air fuasgladh  
 An àite bhi gluasad,  
 Mar 's dùth dhuinn, an guaillibh a chéile.

Tha chuisseag so-aomaidh  
 Do 'n oiteig is faoine  
 Thar monadh is raon a bhios séideadh ;  
     Ach seall oirre sniomhте  
     Am meadhon an t-sliomain :  
 Gu 'm bacadh a righnead an steud-each.  
     Sud earail bu chòir dhuinn  
     Bhi 'g aithris an còmhnuidh  
 'S a' tarriuing as eòlas chum feum dhuinn :  
     Ma 's math leinn bhi buadh-mhor,  
     Is fheudar bhi gluasad,  
 Mar 's dùth dhuinn, an guaillibh a chéile.

Tha eachdraidh ag innseadh  
     Mu mhòrachd ar sìnn-sir  
 'S gu 'n robh iad 'nan linntibh-san treun-mhor ;  
     An cliù a thaobh dilse  
     Cha leigear air dhìochuimhn  
 Gus an sguirear de sgriobhadh 's de leughadh.  
     Ach 's beag ni e dh' fheum dhuinn  
     Bhi luaidh air am beusan  
 Mur bi sinn fhéin gleusda chum euchdan,  
     Ar giùlan fior-uasal,  
     Ar n-onoir gun truailleadh  
 'S ar gluasad an guaillibh a chéile.

'S i tìr nam beann àrda  
 'San d' fhuair sinn ar n-àrach,  
 An dùthaich is àille fo 'n ghréin leinn ;  
 'S i Ghàidhlig a' chànan  
 A dh' ionnsuich sinn tràthail  
 Ri briathraigheibh ar màthar ag éisdeachd ;  
 'S e 'm fraoch bharr a' mhonaidh  
 Ar suaicheantas dosrach —  
 Cò 'n Gaidheal nach nochdadadh mór-spéis da !  
 Gach àbhaist is dual dhuinn,  
 Ma 's airidh iad, suas leò !  
 Ach gluaismid an guaillibh a chéile.

Nis leagamaid mìothlachd  
 Is togamaid fior-ghradh,  
 Is cleachdamaid dìcheall is geur-chuis  
 A réiteachadh cùisean  
 Ar cinnidh 's ar dùthcha,  
 Gun smaointinn air tionndadh no gélleadh ;  
 E mar bhoid is mar bhriath'r dhuinn,  
 Ma 's tràill no ma 's triath th' ann  
 Tha bagairt no miannachadh beud oirnn,  
 Gu 'n cas sinn a suas ris,  
 Toirt buaidh as gach cruidh-chàs  
 Le bhi gluasad an guaillibh a chéile.

## AM MARAICHE 'S A LEANNAN.

O, 's maирg tha 'n diugh feadh garbhlaich  
 'S ri falbhan am measg fraoich,  
 Is gaithean gréin' gu h-òr-bhuidh  
 A' dòrtadh air gach taobh ;  
 Gu 'm b' fhèarr a bhi air bàrr nan tonn  
 Air long nan cranna caol,  
 'S a' faicinn nan seòl ùra  
 Ri sùigradh anns a' ghaoith.

O, fhleasgaich òig, gur gòrach leam  
 Do chòmhradh anns an uair :  
 An fhraoch-bheinn ghorm 'ga samhlachadh  
 Ri gleanntan glas a' chuain ;  
 Gur tric is aobhar caoinidh leam  
 A h-aon d' an d' thug mi luaidh  
 Bhi as mo shealladh fad air falbh  
 Air bharraibh garbh nan stuagh.


A rìghinn òg d' an d' thug mi gaol,  
 B' e bhi ri d' thaobh mo mhiann ;  
 O 'n cheud là riamh thug mi dhuit spéis  
 Bu tu mo reul 's mo ghrian ;  
 Ach taobh ri taobh, a luaidh, ri d' ghaol,  
 Tha m' aigne 'g aomadh riamh  
 Gu marcachd nan tonn dùbhghorm  
 A dh' aindeoin dùdlachd shian.

O, leam bu mhiann a bhi 'san luing  
 'S an stiùir a bhi 'nam làimh,  
 An uair bhios muir gu nuallanach,  
 'Na glinn 's 'na stuaghan àrd,  
 A' brùchdadadh barra-gheal fo a sròin,  
 'S le crònan seach a sàil,  
 I 'g éirigh eutrom air gach tonn,  
 Is fonn oirre ri gàir.

I 'g éirigh eutrom air an t-snàmh  
 Mar eala bhàn 'sa chaol,  
 Gach sgòd aice am mach gu cheann  
 'S gach seòl a' tarruing gaoith ;  
 I falbh le cuinnean fiata  
 Thar tuinn a b' fhiadhaich gaoir  
 Mar steud-each crùidheach, uaibhreach,  
 A thug mu chluais an taod.

Is ged a bhrùchdadadh gaothan oirnn  
 Le neart nam faoilteach fuar,  
 Is toirm na bagairt bhàsmhoire  
 Bhi 'm bàirich àrd nan stuagh,  
 Le murrachd mhaith is cùram  
 Gheibh an iùbhrach ghasd a' bhuaidh ;  
 'S thig fearalachd is mòralachd  
 Ri linn na còmhstrith chruidh.

'S an uair a thigeadh siochainnt  
 'S a bhiodh grian a' dèarrsadhbh caoin,  
 Gu 'm b' aotrom bhi le ceòl is sunnd  
 Cur siùil ri slatan caol ;



'S an uair a bhiomaid diomhanach,  
 Mo dhriamlach thar a taobh,  
 Is mi gu h-ait a' seinn le fonn  
 "A nighean donn, mo ghaol."

O, òigeir ùir, nach éisd thu rium ?  
 Ged 's mòr do spéis do 'n chuan,  
 Cha mhair an òige daonnan ;  
 'S nuair thig an aois le gruaim,  
 Gur bochd an obair seann-duin'  
 Bhi mach feadh ghreann nan stuagh  
 Fo chathadh geal nam bòc-thonn  
 Tre 'n oidhche reòidhte, fhuair.

O, 's maирg, ri dorchadas is stoirm,  
 Bhios air a' chladach leis  
 Na гàirdeanan bha làidir  
 Air failneachadh gun treis,  
 Tigh-soluis air an fhuaradh  
 Is gaoth is cruaidhe feed  
 'Gan sparradh chum an fhuaraidh,  
 'S an long mu 'n cuairt cha leig.

O, ainnir dhonn, na sil do dheòir  
 Mu bhròn nach tig a choidhch' ;  
 Tha 'n Ti a' riaghlaigh air a' chuan  
 Tha riaghlaigh cluaintean fraoch ;  
 Is ged, a luaidh, a thriallas mi  
 Gu oirean cian an t-saoghail,  
 Le Thoil-san thig mi sàbhailte  
 Gu broilleach blàth mo ghaoil.

Is ged is goirt an dealachadh  
 Bidh an coinneachadh d' a réir;  
 'S ar cridheachan an dealas ùr  
 A' dlùthachadh ri chéil';  
 An gaol gun mheirg, gun fhàilneachadh  
 Ach, mar a bha, gun bheud;  
 Gach turus-cuain 'ga ùrachadh,  
 A mhùirneag a' chùil réidh.



## AN T-EILEAN SGITHEANACH.

Air Innsean na Gréig is àill'  
 Tha luaidh nam bàrd nach gann;  
 B' e m' ulaidh-sa riamh na h-Eileanan-iar  
 Far an cluinnear cainnt nam beann.  
 Tha Itaca, Cíprus is Róds  
 Ionmhuinn le clann nam fonn;  
 Ach I-Cholum-Chille, 's i gràdh gach filidh  
 Chaidh altrum an Alba nan sonn.

Ged 's bòidheach a' ghorm mhuir-dheas,  
 Far an cleasaich 'na neart a' ghrian,  
 'S ann leam gu 'm b' fhèarr bhi coimhead an t-sàil  
 A' briseadh air cladach na h-iar.  
 Beinn Shioin, An Aithne, 's An Ròimh  
 Faiceam mu 'n tèid mi fo 'n ùir;  
 Ach 's beag mo spéis do bhaile fo 'n ghréin  
 An coimeas ri Eilean mo rùin.

Ars an coigreach, a' fiosrach dhiom fhéin :  
 " Ciod iad na h-ioghnaidh a t' ann ? "  
 " Ciod iad nach 'eil," do fhreagair mi deas,  
 " Ma tha sùilean gu faicinn 'nad cheann ? "  
 Ach bheirinn a' chomhairle dhuit,  
 Ma 's duin' thu tha meata 'nad chàil,  
 Ma's fuath leat fras, na ruith gu bras  
 A choimhead air Eilean mo ghràidh.

An toigh leat na beanntan mòr,  
 Cruachan 'sna neòil gu h-àrd ?  
 Coireachan, frithean, dachaidh an fhìreoin,  
 'San cluinnear na h-easan a' gàir ?  
 An toigh leat na glacagan grianach,  
 Innisean sgiamhach nam bò,  
 Is uamhan bheir fonn ri guth nan tonn ?  
 Siubhail gu Innis-a'-cheò.

Tha Matterhorn taght' air son chàs,  
 Ma 's àill leat thu fhéin a mhilleadh ;  
 Ach cothrom cho saor a ghiorrhach do shaoghal  
 Gheibh thu air Sgùr-nan-gillean.  
 Air cladach an t-Srath chì thu 'n còs  
 Mar gheal shneachd reòidht' gun smàl,  
 Le lochan dubh fuar, far an tig air uair  
 Na maighdeannan-mara a shnàmh.

An Coir-uisg, chì thu 'n sud fo dhubh-ghruaim  
 Cul'-uamhais measg strith nan dùl ;  
 Nuair bhriseas an torrunn le fuaim na doininn,  
 Is maирг nach lùbadh an glùn !

Is chì thu àrd-ioghnadh Chuith-Fhraing,  
 Le bhaidealan aibheiseach, mòr,  
 'S an Stòrr cho cas, le bhinneinean glas  
 Eadar do shealladh 's na neòil.

Stiùir timchioll nan creagan gu h-iar  
 Is chì thu, ag éirigh 'sa chuan,  
 Triùir Mhaighdeann Mhic Leòid a' seasamh gu stòld'  
 Measg ghàirich ghairbh nan stuagh ;  
 'S ce b' e àite an toir thu do cheum  
 Chì thu le ioghnadh ùr,  
 A' Chuilfhionn ghorm a' leantainn do lorg  
 'S a' sàsachadh fradharc do shùl.

'S truagh nach robh mise 'nam thriath  
 A' riaghladh an Eilean mo chrìdh' !  
 Thogainn mar b' àbhaist o bhunait Dun-sgàthaich,  
 Is gainne 'nam thalla cha bhiodh ;  
 An sud dheanainn suidhe mar rìgh,  
 'S cha chlaoïdhinn mo shluagh gu teann ;  
 Cha togainn creach, 's cha spùinninn neach,  
 Ach thrusainn do 'n sgoil a' chlann.

'S ann leamsa bu mhath a bhi ann,  
 'S grian shamhraidh a' lasadh an driùchd,  
 'Nam shineadh air feur a' coimhead nan neul  
 A' cadal air Blàth-bheinn nan stùc ;  
 Is chithinn an ceathach a' snàmh  
 'S a' lùbadh mu shlios nan cruach ;  
 'S a ghnàth 'nam aire bhiodh fonn na mara  
 'Gam thàladh gu foisneach gu suain.

'San fheasgar, nuair thèarnas a' ghrian  
 Gu rioghail 'san iar gu tàmh,  
 Air mullach nam beann mar mhile lann,  
 Bidh boillsgeadh nan gathan àigh ;  
 'S gach dubh-sgòrr a' dèarrsadh gu cas  
 Fo lannair nan lasraichean òir,  
 Gu h-àrd 'san speur eadar talamh is nèamh :  
 Sealladh na maise 's na glòir !

'S taitneach measg chomunn a' bhlàthais  
 Bhi suidhe 's mo chàirdean ri m' thaobh ;  
 Ach na 'm bu leam iteag, 's mi theicheadh an tiota  
 Do 'n Eilean Sgitheanach chaomh.  
 An t-urram aig cathair Dhùn-Eideann —  
 'S mi fhéin a sheinneadh a cliù —  
 Ach thigeadhansamhradh, 's bidh mise 'namdheann-ruith  
 A' greasad gu Eilean mo rùin !

---

## LOCH DUTHAICH.

Fàilt' ort, a Loch-Duthaich, fàilt' ort !  
 Na 'm bu bhàrd a réir mo dhùrachd  
 Mise 'n diugh, gu fonnmhòr, sàr-ghrinn,  
 Fhìor loch àluinn, bheirinn cliù ort.

Mar naoidhean gu ciùineil 'na chadal  
 An taice uchd dubhach a mhàthar ;  
 'S tric aghaidh na mara mach gruamach  
 Is tusa 'nad shuain-chadal sàmhach.

A' bhirlinn a' teicheadh o 'n doininn,  
 Cha 'n ainmic 'nad rathad-sa stiùradh,  
 'S tu tabhairt di beatha gle chàirdeil  
 Gu fasgadh do bhàghannan ciùine.

'S beag ioghnadh gach beinn tha mu 'n cuairt diot  
 Bhi sealltainn a nuas ort gle spòrsail;  
 Cha mhinic chì stuaghan cho àluinn  
 Iad féin ann an sgàthan cho òirdhearc.

O, gu bhi trath oidhche 'gan coimhead  
 'Nan seasamh an rathad nan reultan;  
 No le uaill togail suas an cinn òrbhuidh  
 Nuair tha ghrian 'san ear ròsaich ag éirigh !

A bhuauchaille bhig air an raon ud,  
 Leig dhiot a bhi téarnadh na 's dlùithe;  
 An fheudail ud chì thu fo 'n aigeann,  
 Cha robh iad riabh agad fo d' chùram !

A' trusadh nan dearc air a' bhruthach,  
 Eisd ! éisd ciod is bruidhinn do 'n phàisd ud :  
 "Tha coille an iochdar Loch-Duthaich.  
 A bhràthair, bheil cnuthan a' fàs innt' ?"

A Dhùin ud — sean lùchait Clann Choinnich —  
 Dh' fhàg aois iomad sgar ann ad chliathaich ;  
 A thannais nan làithean a thréig sinn,  
 Cha 'n ioghnadh 'nan déigh thu bhi cianail.

'S tu 'n sin 'nad aonar 'nad sheasamh  
 Mar Oisean an déigh na Féinne ;  
 Tim bheag 's bidh do cheann anns an t-sàile :  
 A Dhùin, tha làmh làdir an éig ort !

Cha tearc ann ad fhochair, ma 's fior dha,  
 Chì 'n t-iasgair, a' dìreadh o 'n fhairge,  
 Cruth maighdinn fo shoillse na gealaich,  
 'S i seinn—'n e, Dhùin-Donnain —do mharbhrrann ?

Tha claisleachd glé gheur aig an iasgair :  
 'Na bheachd-san 's e iargain a h-òrain  
 A leannan bhi uimpe fas suarach  
 'S té eile gu guanach 'ga phògadh !

O, allta is sunndaire siubhal  
 Ri leathad nan leitrichean uain ud,  
 Cha 'n iognadh leam idir le 'r crònán  
 Loch-Duthaich bhi 'n còmhnuidh 'san t-suain so.

An so sibh gu borbhanach, sèimheil  
 A' gluasad measg fraoch agus fàs-choill ;  
 An sud sibh, mar bhoillsgeannan gréine,  
 Geal-steallach, borb-leum feadh nan àrd-chreag.

Sgùr-Orain, cha 'n iognadh an iolair  
 Bhi 'n déigh air bhi 'g itealaich dlùth ort ;  
 Sud shuas thu, le d' cheann anns an iarmait  
 'S gach beinn 'n ear 's an iar toirt dhuit ùmhlachd.

Feuch farum na seilge 'nad choire !  
 Tha 'n làn-damh 'na shiubhal tre 'n mhòintich,  
 'S mac-talla 'ga fhàgail féin bodhar  
 A' freagairt nan gadhar 'san tòrachd.

Ciod è ged tha chàileachd-san fallan ?  
 Ciod è ged mar dhealan tha 'luathas ?  
 'S e siùbhlaiche 'n fhirich a ghéilleas :  
 'S e foill, a laoich thréin, a thug buaidh ort !

Loch maiseach nan gorm-chrioch do 'n luaithe  
 'San earrach thig cuach agus smeòrach ;  
 Loch bradanach, sgadanach, ciùineil,  
 Có 'n teangadh bheir cliù mar is còir ort !

Loch suaimhneach nam bruach far am minic  
 Ceol pìoba nan ribheidean sàr-ghrinn,  
 'S cliù bhàrda air òighean caoin-chruthach :  
 Slàn leat, a Loch-Duthaich, nis, slàn leat !

— : —

## AM FIADH.

O, c' àit' am facas a' falbh air faiche,  
 A' siubhal leacainn no 'g astar sléibh,  
 Le bhian dearg maiseach, le sheang-chruth bras-mhear,  
 Bu bhòidhche pearsa na mac an fhéidh ?


A chuinnean fiata 'sa ghaoith, 's e dian-ruith  
 Feadh thoman riabhach nan cian-bheann ceò ;  
 Le àrd-uchd àluinn, le chabar cràcach,  
 'S le eangaibh sàr-chlis an am na tòir.

Gur binn a'm chluasaibh an langan uaibhreach  
 A thig o 'n ruadh-ghreigh o 'n chruachan àrd ;  
 Gur grinn air fuaran an eilid chuannda,  
 'S a laogh mu 'n cuairt di ri luaineis bhàith.

An cluas gu claireachd ; an sùil gu faicinn ;  
 An cinn 's an casan comh-ghrad gu léir.  
 B' i 'n obair uasal a bhi 'gan cuartach  
 'S a' caitheamh luaidhe le buaidh 'nan déigh.

Gur tric a dh' éirich mi shiubhal sléibhe  
 Roimh shoillse gréine, 's a rinn mo làmh  
 An làn-damh nuallach a chur 'na thuaineal  
 'S a thoirt gu h-uallach o 'n fhuaran bhìù.

Ach, nis o 'n ghéill iad, mo neart 's mo spéireid,  
 'S nach dean mi éirigh ach mall gu triall,  
 Cha tog mi aonach le gadhar aotrom,  
 'S cha dèan mi faobhach air sraod nam bian.



### A GHLINN UD SHÌOS.

A ghlinn ud shìos, a ghlinn ud shìos,  
 Gur trom an diugh mo shùil  
 A' dearcadh air do lagain àigh.  
 Mar b' àbhaist doibh o thùs.

Tha do choilltean fathast dosrach, àrd,  
 'S gach sìthean àillidh, uain ;  
 Is fuaim an lùb-uillt nuas o d' fhrith  
 'Na shuain-cheòl sìth a'm chluais.

Tha 'n spréidh ag ionaltradh air do mhàgh ;  
 Na caoraich air an raon ;  
 Tha churra 'g iasgach air do thràigh,  
 'S an fhaoileann air a' chaol.

Tha guth na cuthaig air do stùc,  
 An smùdan air do ghéig ;  
 Os ceann do lòin tha 'n uiseag ghrinn  
 Ri ceilear binn 'san speur.

Tha suaimhneas anns gach luibh fo bhlàth ;  
 Bàidh air gach creig is cluain ;  
 A' toirt a'm chuimhne mar a bhà  
 'Sna làithean thàrladh uainn.

Fuaim do chaochain, fead na gaoith  
 Is luasgan àrd nan geug  
 'G ath-nuadhachadh le còmhradh tlàth  
 Nan làithean àigh a thréig.

Ach, chì mi t' fhàrdaich air dol sìos,  
 'Nan làraich fhalamh, fhuar ;  
 Cha 'n fhaic fear-siubhail bhàrr nan stùc  
 Na smùidean 'g éirigh suas.

Do ghàradh fiadhaich fàs gun dreach,  
 Gun neach g' a chur air seòl ;  
 Le fliodh is foghnain ann a' fàs,  
 'S an fheanntag 'n àite 'n ròis.

O, c' àit' am bheil gach caraid gaoil  
 Bu chaomh leam air do learg,  
 A chuireadh failte orm a' teachd,  
 Is beannachd leam a' falbh !

Tha chuid is mò dhiubh anns an ùir,  
 'S an t-iarmad fada bhuainn,  
 Dh' fhàg mis' a'm aonaran an so  
 'Nam choigreach nochdte, truagh.

'Nam choigreach nochdte, truagh, gun taic,  
 'S an acaid ann am chliabh :  
 An acaid chlaoidh teach sin nach caisg  
 'Gam shlaid a chum mo chrìch.

'Gam shlaid a chum mo chrìch le bròn ;  
 Ach thugam glòir do 'n Ti —  
 Cha d' thug e dhòmhsha ach mo chòir —  
 R'a òrdugh bitheam striochd't.

Tha lòchran dealrach, daitht' nan speur  
 Air téarnadh sios do 'n chuan,  
 Is tonnan uain na h-àirde 'n iar  
 Ag iadhadh air mu 'n cuairt.

Sgaoil an oidhch' a cleòc mu 'n cuairt ;

Cha chluinn mi fuaim 'sa ghleann  
Ach an cèardabhan, le siubhal fiar,

Ri ceòl is tiamhaidh srann.

A ghlinn ud shios, a ghlinn ud shios,

A ghlinn is ciataich dreach,

A' tionndadh uait dhol thar do shliabh,

Mo bheannachd shìorruidh leat !

---

## MADUINN SHAMHRAIDH.

Tha doineann nan speur air séideadh thairis,

Tha nèamh is talamh 'nan glòir ;

Tha gathan na gréin' ag éirigh thall ud

Cur sgèimh air beannaibh a' cheò ;

Tha eunlaith na coill a' seinn le caithream

Air roinn nam meanganan òg,

Toirt molaidh do 'n Tì thug dhuinn gach beannachd

'S a dhlon troimh 'n ghaillinn iad beò.

Gach doir' agus bruach le 'n tuar cho fallan

'S an gruag air lasadh mar òr ;

Fo shileadh an driùchd tha smùid na meala

Cho cùbhraidh bho anail nan ròs ;

Tha chuthag a' leum feadh gheug a' bharraich

'S an spréidh cho mear aig a' chrò ;

'S na cruinneagan suairce, guanach, banail,

Le 'n cuachan bainne 'nan dòrn.

Gach sruthan is allt 'nan deann a' tarruing  
 Gu ceann na mara le gàir ;  
 Ged bha iad 'sa gheamhradh fann gun anam,  
 Ri am na gaillinn an sàs,  
 Tha nise na neòinein bhoidheach, gheala  
 Mu 'n còsan tairis a' fàs ;  
 'S an seillean a' stòradh lòin gu thalla,  
 'S e 'g òl na meala de 'm bàrr.

Nach maiseach na glinn 's gach ni gun ainnis  
 A' cinntinn thairis mu 'n bhlàr !  
 Fo dhubhar nan crann tha chlann ag aithris  
 Air rann nan eal' air an t-snàmh ;  
 Gach coir' agus sliabh cho sgiamhach sealladh  
 'S a' ghrian 'gam faire le bàigh ;  
 'S gach lus a bha crionadh shios fo 'n talamh,  
 Le 'n ciabhan glan ris a' bhlàths.

Tha fois agus sìth aig tuinn na mara,  
 Cho mìn a' teannadh gu tràigh ;  
 Cha 'n fhaicear an cìrean millteach, greannach  
 'Nan still mu 'n charraig le càir ;  
 Na creagan cho uaibhreach shuas mar challaid —  
 'S cha għluais am balla gu bràth —  
 Bidh meallan de cheò cur sgleò mu 'm bearradh,  
 'S na h-eòin am falach fo 'n sgàil.

Tha aoidh agus sunnd air gnùis na cruinne  
 Cho ùr fo dhuilleach 's fo bħlāth ;  
 Gun aire no gun éis air spréidh no duine,  
 'S gach réidhlean uile cho làñ.

Tha uiseag nan lòn gun bhròn, gun mhulad,  
 Le h-òran suillein gu h-àrd ;  
 'S theid mise do 'n choill le loinn nan cruinneag,  
 A shéinn air luinneig le càch.



## FIOS CHUN A' BHÀIRD.

Tha mhaduinn soilleir, grianach,  
 'S a' ghaoth 'n iar a' ruith gu réidh ;  
 Tha 'n linne sleamhainn, siochail  
 O 'n a chiùinich strìth nan speur ;  
 Tha 'n long 'na h-éideadh sgiamhach,  
 'S cha chuir sgios i dh' iarraidh tàmh ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise  
 A' toirt an fhios so chun a' bhàird.

So crùnadadh mais' a' mhìos  
 'San téid do 'n dìthreabh treudan bhò  
 Do ghlinn nan lagan uaigneach  
 Anns nach cuir 's nach buaninear pòr :  
 Leab-ìnnse buar nan geum —  
 Cha robh mo roinn diubh 'n dé le càch —  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
 Thoir am fios so chun a' bhàird.

Tha miltean spréidh air faichean,  
 'S caoraich gheal air creachainn fhraoich ;  
 'S na féidh air stùcan fàsail  
 Far nach truaillear làr na gaoith ;

An sìolach fiadhaich, neartmhòr  
 Fliuch le dealt na h-oiteig thlàith ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
 Thoir am fios so chun a' bhàird.

Tha 'n còmhnard 's coirean garbhlaich,  
 Còrs na fairge 's gach grainnseach réidh,  
 Le buaidhean blàthas na h-iarmailt  
 Mar dh' iarramaid gu léir ;  
 Tha 'n t-seamair fhiadhain 's neòinein  
 Air na lòintean feòir fo 'm blàth ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
 Thoir am fios so chun a' bhàird.

Na caochain fhilr-uisg luath  
 A' tighinn a nuas o chùl nam màm,  
 O lochain ghlan gun ruadhan  
 Air na cruachan fad o 'n tràigh,  
 Far an òl am fiadh a phailteas :  
 'S bòidheach ealtan lach 'gan snamh ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
 Thoir am fios so chun a' bhàird.

Tha Bogha-mòr an t-sàile  
 Mar a bhà le reachd bith-bhuan,  
 Am mòrachd maise nàduir,  
 'S a cheann-àrd ri tuinn a' chuain ;  
 A riombal geal seachd mile :  
 Gainmhean siobt' o bheul an làin ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
 Thoir am fios so chun a' bhàird.

Na dùilean, stéidh na cruitheachd,  
 Blàths is sruithean 's anail neul  
 Ag altrum lusan ùrail  
     Air an luidh an driùchd gu sèimh,  
 Nuair a thuiteas sgàil na h-oidhche,  
     Mar gu 'm b' ann a' caoidh na bhà ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
     Thoir am fios so chun a' bhàird.

Ged a roinneas gathan gréine  
     Tlus nan speur ri blàth nan lòn,  
     'S ged a chithear spréidh air àirigh  
         Is buailtean làn de àalach bhò,  
 Tha Ile 'n diugh gun daoine ;  
     Chuir a' chaora bailtean fàs ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
     Thoir am fios so chun a' bhàird.

Ged thig ànrach aineoil  
     Gus a' chala, 's e 'sa cheò,  
 Cha 'n fhaic e soills o 'n chagait  
         Air a' chladach so na 's mò ;  
 Chuir gamhlas Ghall air fuadach  
     Na tha bhuainn 's nach till gu bràth ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
     Thoir am fios so chun a' bhàird.

Ged thogar feachd na h-Albann  
     Is cliùiteach ainm air faich an àir,  
 Bidh bratach fhraoich nan Ileach  
         Gun dol sìos g' a dion le càch ;

Sgap mìorun iad thar fairge,  
 'S gun ach ainmhean balbh 'nan àit' ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
 Thoir am fios so chun a' bhàird.

Tha tighean seilbh na dh' fhàg sinn  
 Feadh an fhuinn 'nan càrnan fuar ;  
 Dh' fhalbh 's cha till na Gaidheil ;  
 Stad an t-àiteach, cur is buain ;  
 Tha stéidh nan làrach tiamhaidh  
 A' toirt fianuis air 's ag ràdh,  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
 " Leig am fios so chun a' bhàird."

Cha chluinneag luinneag òighean ;  
 Séis nan òran air a' chléith ;  
 Cha 'n fhaicear seòid mar b' àbhaist  
 A' cur bàir air faiche réidh ;  
 Thug ainneart fogaiddh uainn iad ;  
 'S leis na coimhich buaidh mar 's àill ;  
 Leis na fhuair 's na chunnaic mise :  
 Biodh am fios so aig a' bhàrd.

Cha 'n fhaigh an déirceach fasgadh,  
 No 'm fear-astair fois o sgòs ;  
 No soisgeulach luchd éisdeachd ;  
 Bhuaadhàich eucoir, Goill is cùs ;  
 Tha 'n nathair bhreac 'na lùban  
 Air na h-Ùrlair far an d' fhàs  
 Na fir mhòra chunnaic mise :  
 Thoir am fios so chun a' bhàird.

Lomadh cèarn na h-Otha,  
 An Lanndaidh bhòidheach 's Roinn Mhic-Aoidh ;  
 Tha 'n Leargadh għlacach, ghrianach,  
 'S fuigheall cianail air a taobh ;  
 Tha 'n gleann na fhiadhair uaine  
 Aig luchd-fuath, gun tuath, gun bhàrr ;  
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise :  
 Thoir am fios so chun a' bhàird.

---

## MO DHACHAIDH.

Rachadh treun-fhir an céin an déigh sonais is glòir ;  
 'S na pòiteirean gòrach 'nan tòir do 'n tigh-ðsd ;  
 Biodh splocairean crìonda 'gan iarraidh 'san òr,  
 Gheibh mise làn-shòlas 'nam fhàrdaich.

Seall thall thar an aiseig, am fasgadh nan craobh,  
 Am bothan beag glan ud 's e gealaicht' le aol :  
 Sud agaibh mo dhachaidh ; 's i dachaidh mo ghaoil ;  
 Gun chaisteal 'san t-saoghal is feàrr leam.

Tha maise an àite ag àrdach a luach ;  
 Tha 'n t-sòbhrag 's an neòinean a' còmhdach nam bruach ;  
 Tha toman 'ga dhionadh o shòn an taobh-tuath ;  
 'S mu 'n cuairt air tha cluanagan àillidh.

Tha nàdur 'san àit' ud a ghnàth cur ri ceòl ;  
 Mur e 'n smeòrach 'san duilleach, 's e 'n uiseag 'sna neòil ;  
 No caochan an fhuarain a' gluasad troimh 'n lòn ;  
 No Mòrag ri crònan do 'n phàisde.

O, modhùrachd's mo bheannachd dhuit, bheanag na loinn,  
 Tha fritheal mu m' fhàrdaich 's ag àrach mo chloinn;  
 Do chridhe 's do nàdur gun àrdan, gun fhoill,  
 Ach coibhneas a' boillsgeadh 'nad bhlàth-shuil.

Air ciaradh do 'n fheasgar, 's mi seasgair fo dhòn,  
 Mu 'n cuairt air a' chagait bidh aighear gun dìth;  
 Na paisdean ri àbhachd 's am màthair ri sniomh,  
 'S mo chrìdh-s' air a lònadh le gràdh dhaibh.

Air falbh uam a' mhòrchuis, an t-òr agus cliù;  
 Cha 'n 'eil annta ach faoineas is saobh-ghlòir nach fhiù;  
 Cha 'n fhàgainn mo dhachaидh 's bean-chagair mo rùin  
 Gu bhi sealbhachadh lùchaint le bànrighinn.

—:—

## GUR MOCH RINN MI DÙSGADH.

Gur moch rinn mi dùsgadh 'san ùr-mhaduinn chéit,  
 'S a dhìrich mi 'm bruthach gun duin' ach mi féin;  
 Tha ghrian air a turus a' siubhal troimh 'n speur;  
 Dealt na h-oidhche a' tùirling thar ùr-dhos nan geug.

A' dìreadh an aonaich ri aodann a' chùirn,  
 'S binn torman a' chaochain is aoidheala bùrn,  
 Le ròis air gach taobh dheth ag aomadh fo 'n driùchd,  
 'S e ri dèarrsadhbh na gréine ag éirigh 'na smùid.

'S binn na h-eòin feadh nam preasan gu leadarra seinn;  
 Tha 'n uiseag làn sòlais ri ceòl os mo cheann;  
 Na ba-laoigh anns a' gheumnaich air an réidhlean ud thall  
 'S mac-talla nan creagan 'gam freagairt air ball.

'S àluinn trusgan a' ghlinne suas gu binnean nan stùc;  
 'S cùbhraidh boltrach nan luibhean 'nam chuinnean mar thùis;  
 Ged 's bòidheach gach doire, 's a' choille 'sa bhrùchd,  
 Ged tha 'm barrach cho ùrail, cha dùisg e mo shunnd.

An so air faobhar a' mhullaich gur muladach mi;  
 Ceann-aobhair mo thuiridh leam gur duilich r' a ìnns':  
 Nach dìrich mi tuilleadh ri munadh 'san tìr;  
 Nach dèan mi cùis-ghàire 'n gleann àillidh mo chrìdh'.

Cha 'n 'eil gleannan cho aoidheil ri fhaotainn mu 'n cuairt,  
 Le bheanntainnean àrda cur sgàth air o 'n tuath;  
 An dùlachd a' gheamhraidh gun ghreann air, gun fhuachd:  
 Mo sgaradh 's mo chràdhlot bhi 'ga fhàgail cho luath!

'S mi għluaiseadh gun smalan an gleannan an àigh;  
 'S moch a shiùbhlainn a phreasan gun teagamh, gun sgàth;  
 Anns an òg-mhaduinn chùbhraidh 's an driùchd air gach bàrr,  
 Nàile! dhùirinn r' a stùc-bheinn gun chùram roimh nàmh.

Ach, 's tiom dhomh bhi 'g éirigh 's bhi téarnadh o 'n àird;  
 Cha dean luinneagan feum dhomh, cha dean éigheach dhomh  
 Feuch am bàta fo còmhdaich aig còmhnhard na tràigh, [stàth;  
 Tha gu m' għiùlan null thairis a gleannan an àigh.

Bheir mi sùil thar a' bhealaich air na beanntan mu 'n cuairt;  
 So an sealladh mu dheireadh air gleannan is bruach;  
 A' fagail leibh beannachd, 'n am dealachadh uaibh,  
 A' téarnadh an aonaich 's iad mo smaointean tha truagh.



## A' CHUTHAG.

Fàilt ort féin, a chuthag ghorm,  
 Le d' òran ceòlmhor, milis ;  
 'S e seirm do bheòil 'sa chéitean òg  
 A thogadh bròn o m' chridhe.

'S ro bhinn leam t' fhuaim 'sa mhàduinn chéit,  
 'S tu air bàrr géig 'san innis,  
 No 'm feasgar ciùin aig bun nan stùc  
 Nuair bhiodh an driùchd a' sileadh.

O, innis c' àit' an robh do thriall  
 Nuair bha na siantan fionnar ;  
 An robh thu 'd thosd, gun chàil, gun toirt  
 An còs a' chnoic fo dhubhar ?

'S mòr m' fharmad riut, a chuthag chòir ;  
 Cha dean thu bròn 'nad shiubhal,  
 Chionn tha do dhoire daonnan gorm  
 'S do chridhe 'n còmhnuidh subhach.

Ged theicheadas tu roimh 'n fhuachd air am,  
 Gu 'm faic do ghleann thu rithis ;  
 Ach, nuair bheir mise ris mo chùl,  
 Cha bhi mo dhùil ri tilleadh.

'S truagh nach b' urrainn domh leat triall  
 Air astar sgiath 'nar dithis ;  
 Le caismeachd bhinn toirt fios gach am  
 Nuair bhiodh an samhradh tighinn.

## COIRE-BHREACAIN.

Tha blàithean an òg-mhios a' còmhach nan glacan ;

Tha tòic air gach bacan le beairteas an fhuinn ;  
Tha coille nan ògan fo lòd a cuid maise,

Is còisridh na h-ealtainn gu h-ait duinn a' seinn ;  
Gach àille bha riamh an ciar-bheinn nan creachann

Tha sgaoilte mar bhreacan air leacainn nam fiadh ;  
Is mise 'nam aonar air aonach Aird-Bhreacain,

Mo smuain air na reachdan tha deachte o chian.  
O, 's dìomhain an saoghal tha daoine a' mealtainn ;

Cha mhair e ach sealan, driùchd tairis a' Mhàigh ;  
Aig crìch an là 's àille tha sgàilean 'gar mealladh,

'S tha ànradh na gaillinn aig cladach gun dàil.  
Ged 's bòidheach leam fhéin e, 'n am éirigh na gréine,

Gach bileag lan éibhneis, gun éislean, gun spàирн,  
Na flùrain a' dùsgadh cho ùrail le chéile

Mar bhuchaillean eudmhòr air feudail an àil.  
Cha mhair iad ach goirid ; cha mhaille tha 'n dàn doibh ;

Tha trioblaid is gàbhadh a ghnàth air an tòir ;  
Bidh an snas is a' mhàldachd tha fuaighe r' an nàdur

Roimh theachd an là màireach 'san àmhuinn gun treòir.  
An è gu 'm bheil caochladh làn sgriobhte gach taobh dhinn,

'S nach leugh sinn an t-aobhar an aodann gach àigh ?  
Ged 's fuaraidh am Faoilteach le fhrasan 's le ghaothan,

Tha fheartan cho caomh ruinn ri caoin-thràth a' Mhàigh.  
Ach faic Coire-Bhreacain gun chaochladh 'na reachdan,

O sheachdain gu seachdain làn neirt mar bu nòs ;  
A shruithean cho siùbhlach, cho cuilbheartach, dùbailt,

A' sgapadh nan sùighean 'nan smùid do na neòil ;

A chuartagan cealgach a' luasgadh na fairge  
 'S a' dùsgadh thonn balbha gu aimhreit gach taobh ;  
 Gu corranach, duaichnidh, le nuallan na gairge,  
 A' cathadh sruth feirge tha ainmig 'san t-saoghal.  
 Am maraiche dàna a thriallas thar sàile,  
 Gun athadh troimh ghàbhadh 's muir àrd ris a' strìth,  
 Le sgioba deas làidir a' deanamh mar 's àill leis  
 Gu 'n long a thoirt sàbhailt gu tàmh-chala sith,  
 Nuair chì e do ghnùis-sa fo mhùig is fo ghruaimean,  
 Sruth-lionaidd o 'n Ruadh-sgeir 'ga chuartach le gàir,  
 Thig rudha 'na ghruidhean a' faicinn an uamhais,  
 Gu 'm feum e bhi suainte 'nad dhualan gun dàil.  
 O thoiseach an t-saoghal tha thusa gun chaochladh ;  
 Sruth-lionaidd is traoghaidh 'gad aomadh gu strìth ;  
 'S cho fad 's a bhios Ré ann thoirt soillse do dhaoine,  
 Bidh iomairt nan caol seinn do shaorsa gun dìth.  
 Ach 's fheudar bhi tarruing ; cha 'n fhaod mi bhi fanachd ;  
 Ged 's mòrail A' Chailleach le langanan àrd,  
 Cha dèan i ach smuaintean a dhùsgadh gu m' bhuaireadh :  
 B' fhèarr leam an duanag a dh' fhuadaicheas cràdh.

---

## COTHAICHIBH !

A mhuinnitir mo ghaoil,  
 Cothaichibh ! Cothaichibh !  
 A mhuinnitir mo ghaoil,  
 Cumaibh a suas.

Ged bhios sibh 'gar sàrach'  
 'S an-dòchas 'gar bàthadh,  
 Na géillibh gu bràth dha  
     Is gheibh sibh a' bhuaidh.

Ged bhitheas an saoghal  
 'Gad thionndadh 's 'gad aomadh,  
 'S tu bitheanta saoilsinn  
     Gu 'm feum thu bhi nuas,  
 Na cuireadh sud sgàth ort ;  
 Do 'n smuain thoir a' bhàirlinn  
 Is seas is bi làidir  
     Is gheibh thu a' bhuaidh.

Ma 's cùram an t-saoghail,  
 No eagal roimh dhaoine,  
 No smuaintean air faoineis  
     A chuir thu fo ghruaim,  
 Bi fearail, bi stuama  
 Is seas ris a' chruadal,  
 'S bheir freasdal mu 'n cuairt e  
     Gu 'm faigh thu a' bhuaidh.

Biodh onoir is ceartas  
 A' cumail do neirt riut,  
 Is dòchas neo-mheata  
     'San làimh a ta shuas ;  
 Le creideamh neo-sgàthach  
 'Na fhocal nach fàilnich ;  
 'S gu 'n toir e gach là thu  
     Troimh 'n fhàsach le buaidh.

## THA NA SIANTAN AIR CAOCHLADH.

Tha na siantan air caochladh ; tha 'n saoghal fo sprochd ;  
 Chuir an doineann fhuar, fhiadhaich an ianlaidh 'nan tosd ;  
 Tha sneachdadadh trom, dòmhail a' còmhach nam beann,  
 A' lionadh nan glacan 's a' tacadh nan allt ;  
 'S mise feitheamh an aiseig aig carraig a' chaoil  
 Ri smaointean air àbhachd nan làithean a dh' aom.

An làithean ar n-òige, dol an còmhail an t-sluaigh,  
 Cha seall sinn ach faoin air mar dh' aomas iad uainn ;  
 Cha tig e 'nar smaointean cho goirid 's tha 'n dàil  
 Gus am brùchd oirnn gach leòn g' ar lùbadh gu làr,  
 Gun chùram, gun éislean aig teumadh air taobh,  
 Ar làithean a' snàg uainn gun àireamh air aon.

Nuair a luidheas an aois oirnn 's a dh' aognas ar snuadh,  
 Ar ciabh dol an tainead is smal air ar gruaidh,  
 Bidh teugmhail 'nan còmhlann a' còmhradh gu truagh,  
 Agus càirdean ar n-òige air sòmhlaodh 'san uaigh,  
 'S ann an sin bhios ar cridhe, làn mulaid is gaoid,  
 Ri smaointean air àbhachd nan làithean a dh' aom.

O, Ard-righ na cruinne, ceann-uidhe ar dùil.  
 Air an t-sneachdadadh fliuch, fhionnar, dhuit lùbas mi glùn,  
 Is guidheam gu 'n òrduich thu dhòmhsa gu glic  
 Bhi cuimhneachadh t' òrduighean gu h-umhal 's gu tric,  
 Chum nuair chriochnaicheas m' astar an glacaibh an aoig  
 Nach cuimhnich thu m' fhàilinn 'sna làithean a dh' aom.

## O, GUR MIS' THA SONA DHETH.

O, gur mis' thá sona dheth,  
 'S mi toilichte is taingeil ;  
 Is ged a tha mo sporan gann  
 Is suarach leam 'san am e.

An latha thàinig mi do 'n t-saoghal,  
 Thàinig mi glé lom ann ;  
 'S an latha their am bàs rium fhàgail,  
 Fàgaidh mi gun phlang e.

Ma gheibh mi aodach agus biadh  
 Is a bhi saor o ainfhiach,  
 Le aoibh is gràdh gach oidhche 's là  
 A 'm dhachaидh, 's taobh mo ghealbhain.

Cha 'n e cui'd no cuibhreann dhaoin,  
 Is cha 'n e maoin no airgead  
 A bheir dhuinn sonas anns an t-saoghal :  
 Tha sin 'na aon ni dearbhte.


Ach a bhi toilichte le 'r staid  
 Gun mhath neach eile dhearmad,  
 Is anns an Tì bheir dhuinn gach nì  
 Ar crìdh' gach là bhi 'g earbsadh.



## CLÀR-INNSIDH.

TAOBH-  
DUILLEIG.

A' CHUTHAG,	<i>Iain Mac Lachlann</i>	42
A GHЛИNN UD SHIOS,	<i>Iain Mac Lachlann</i>	30
AM FAIGH A' GHÀIDHLIG BÀS?	<i>Niall Mac Lèòid</i>	1
AM FIADH,	<i>Seumas Mac-an-rothaich</i>	29
AN GLEANN 'SAN ROBH MI ÒG,	<i>Niall Mac Lèòid</i>	7
AM FONN,	<i>Màrtainn Mac-an-t-saoir</i>	16
AM MAIRICHE 'S A LEANNAN,	<i>Màiri Nic Ceallair</i>	20
AN SRUTHAN,	<i>Dòmhnull Mac Eacharn</i>	4
AN T-EILEAN SGITHEANACH,	<i>Alasdair Mac Neacail</i>	23
AN T-EUN-SIUBHAIL,	<i>Iain Mac-a'-chléirich</i>	12
BAS MÀIRI,	<i>Edghan Mac Colla</i>	11
COIRE-BHREACAIN,	<i>Aonghas Mac Eacharn</i>	43
COTHAICHIBH,	<i>Iain Caimbeul</i>	44
DÌREADH 'S A' TÈARNADH NAM BEALAICHEAN,	<i>Iain Mac Lachlann</i>	14
FEASGAR FANN FOGHARAIDH,	<i>Iain Mac-a'-chléirich</i>	10
FIOS CHUN A' BHÀIRD,	<i>Uilleam Mac Dhun-léibhe</i>	35
GUR MOCH RINN MÌ DÙSGADH,	<i>Iain Mac Lachlann</i>	40
LOCH DUTHAICH,	<i>Edghan Mac Colla</i>	26
MADUINN SHAMHRAIDH,	<i>Niall Mac Lèòid</i>	33
MO CHÒMHNUIDH TAOBH AN T-SÀIL,	<i>Iain Mac Phaidein</i>	5
MO DHACHAIDH,	<i>Calum Mac Phàrlain</i>	39
NA GAIDHEIL AN GUAILLIBH A CHEILE,	<i>Calum Mac Phàrlain</i>	17
O, GUR MIS' THA SONA DHETH,	<i>Iain Caimbeul</i>	47
THA NA SIANTAN AIR CAOCHLADH,	<i>Iain Mac Lachlann</i>	46



BOOKS PUBLISHED BY  
ENEAS MACKAY, Bookseller, Stirling.

---

**Dain Eadar-Theangaichte.** A Series of free Gaelic Translations from Prof. Aytoun, Lord Byron, Burns, Scott, Tannahill, Lady Nairne, &c. By T. D. MACDONALD. Crown 8vo, cloth, gilt top, 2/6 net.

**Celtic Dialects—Gaelic, Pictish, Brythonic,** with "Some Stirlingshire Place-Names." Philological, Etymological, and Historical. By T. D. MACDONALD. Demy 12mo, cloth, 1/6 net.

**The Songs and Hymns of the Gael,** with Gaelic Psalmody. Translations, Music, and Introduction. By L. MACBEAN. 1900. Demy 4to, art cloth, extra gilt top, 5/- net.

**Elementary Lessons in Gaelic,** with a Vocabulary and Key. By LACHLAN MACBEAN. Crown 8vo, cloth, 1/- net.

**Guide to Gaelic Conversations and Pronunciations,** with Dialogues, Phrases, Letter-Forms, and Vocabularies. By LACHLAN MACBEAN. 1901. Crown 8vo, cloth, 1/6 net.

**The Highland Brigade: its Battles and its Heroes.** By JAMES CROMB, author of "The Highlands and Highlanders of Scotland." Edited and brought down to date by D. L. CROMB. Crown 8vo, illustrated, cloth, gilt top, 3/6.

**The Place-Names of Elginshire.** By D. MATHESON, F.E.I.S.

*To be Published Shortly.*

Subscribers' names received. Prices on application.

**MacBain's Gaelic Etymological Dictionary.** *New Edition.* The most scholarly and up-to-date work of its kind.

**The Literature of the Highlanders.** By Rev. NIGEL MACNEILL, LL.D. *New Edition.* Enlarged, and brought up to date.

---

All Gaelic Publications, and Works relating to the Highlands, kept in stock. Catalogues and Price-Lists on application.